



Teisteanais
Nàiseanta
EISIMPLEIR A-MHÀIN

S865/75/11

**Eòlas Creideimh,
Moraltachd is
Feallsanachd**

Ceann-latha – Neo-iomchaidh

Ùine – 2 uair a thìde is 40 mionaid

Comharran gu lèir — 80

EARRAINN 1 — CREIDEAMH CRUINNEIL — 27 comharra

Feuch AON Phàirt

EARRAINN 2 — MORALTACHD IS CREIDEASAN — 27 comharra

Feuch AON Phàirt

EARRAINN 3 — CEISTEAN CREIDEIMH IS FEALLSANACHDAIL — 26 comharra

Feuch AON Phàirt

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fhàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhar nam freagairtean a thoirt dhan Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh gun caill thu a h-uile comharra airson a' phàipeir seo.



* S 8 6 5 7 5 1 1 *

EARRAINN 1 — CREIDEAMH CRUINNEIL

Feuch AON Phàirt

PÀIRTEAN

- | | | |
|----|-----------------|--------------------|
| A. | Budachd | <i>duilleag 03</i> |
| B. | Crìosdaidheachd | <i>duilleag 04</i> |
| C. | Hindeachd | <i>duilleag 05</i> |
| D. | Islam | <i>duilleag 06</i> |
| E. | Iùdhachd | <i>duilleag 07</i> |
| F. | Siogachd | <i>duilleag 08</i> |

EARRAINN 2 — MORALTACHD IS CREIDEASAN

Feuch AON Phàirt

PÀIRTEAN

- | | | |
|----|---|--------------------|
| A. | Moraltachd is Ceartas | <i>duilleag 09</i> |
| B. | Moraltachd agus Dàimhean | <i>duilleag 10</i> |
| C. | Moraltachd, An Àrainneachd agus Cùisean Cruinneil | <i>duilleag 11</i> |
| D. | Moraltachd, Leigheas agus a' Bhodhaig | <i>duilleag 12</i> |
| E. | Moraltachd agus Còmhstri | <i>duilleag 13</i> |

EARRAINN 3 — CEISTEAN CREIDEIMH IS FEALLSANACHDAIL

Feuch AON Phàirt

PÀIRTEAN

- | | | |
|----|-------------------------------------|--------------------|
| A. | Tùsan | <i>duilleag 14</i> |
| B. | Bith Dhè | <i>duilleag 15</i> |
| C. | An Duilgheadas le Fulangas agus Olc | <i>duilleag 16</i> |
| D. | Mìorbhailean | <i>duilleag 17</i> |

EARRAINN 1 — CREIDEAMH CRUINNEIL — 27 comharra

Feuch AON Phàirt

Pàirt A — Budachd

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh air a dhèanamh air **Budachd**.

- | | | | |
|----|-----|--|---|
| 1. | (a) | Thoir cunntas air na bhios iad a' teagasg ann am Budachd mu na trì comharran bith. | 5 |
| | (b) | Tha creideas an Budach mu bhith ro àicheil. A bheil thu ag aontachadh? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 4 |
| 2. | (a) | Dè tha Budaich a' ciallachadh le Nibbana. | 4 |
| | (b) | Mìnich carson a tha e cudromach do Bhudaich san latha an-diugh gun ruig iad ìre Nibbana. | 6 |
| 3. | | <i>'Feumaidh tu puja a dhèanamh airson a bhith nad Bhudach ceart.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[Theirg a-nis gu EARRAINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 9]

Pàirt B — Crìosdaidheachd

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh air a dhèanamh air Crìosdaidheachd.

- | | | | |
|----|-----|---|---|
| 4. | (a) | Thoir cunntas air na bhios iad a' teagasg ann an Crìosdaidheachd mu shaor-thoil. | 5 |
| | (b) | Tha creideas an Crìosdail mu dhaoine ro àicheil. A bheil thu ag aontachadh?
Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 4 |
| 5. | (a) | Dè tha Crìosdaidhean a' creidsinn mu Ìosa? | 4 |
| | (b) | Mìnich carson a tha e cudromach do Chrìosdaidhean san latha an-diugh a bhith a' leantainn teagasg is eisimpleir Ìosa. | 6 |
| 6. | | <i>'Feumaidh tu adhradh a dhèanamh airson a bhith nad Chrìosdaidh ceart.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[Theirg a-nis gu EARRAINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 9]

Pàirt C — Hindeachd

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh air a dhèanamh air Hindeachd.

- | | | | |
|----|-----|---|---|
| 7. | (a) | Thoir cunntas air na bhios iad a' teagasg ann an Hindeachd mu shamsara. | 5 |
| | (b) | Tha creideas an Hindeachd mu shamsara ro àicheil. A bheil thu ag aontachadh? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 4 |
| 8. | (a) | Dè tha Hindich a' creidsinn mu Krishna? | 4 |
| | (b) | Mìnich carson a tha sgeulachdan mu Krishna cudromach do Hindich san latha an-diugh. | 6 |
| 9. | | <i>'Feumaidh tu pàirt a ghabhail ann an adhradh airson a bhith nad Hindeach ceart.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[Theirg a-nis gu EARRAINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 9]

Pàirt D — Islam

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air **Islam**.

- | | | |
|-----|---|---|
| 10. | (a) Thoir cunntas air na bhios iad a' teagasg ann an Islam mu pheacaidhean. | 5 |
| | (b) <i>'Tha creideasan Muslamach mu dhaoine ro àicheil.'</i> A bheil thu ag aontachadh? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 4 |
| 11. | (a) Dè tha Muslamaich a' creidsinn mu Muhammad? | 4 |
| | (b) Mìnich carson a tha e cudromach do Mhuslamaich san latha an-diugh a bhith a' leantainn eisimpleir Muhammad. | 6 |
| 12. | <i>'Feumaidh tu na Còig Carraighean a choileanadh airson a bhith nad Mhuslamach ceart.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[Theirg a-nis gu EARRAINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 9]

Pàirt E — lùdhachd

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air **lùdhachd**.

- | | | |
|-----|---|---|
| 13. | (a) Thoir cunntas air na bhios iad a' teagasg ann an lùdhachd mu nàdar dhaoine. | 5 |
| | (b) Tha creideas an lùdhachd mu nàdar dhaoine ro àicheil. A bheil thu ag aontachadh? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 4 |
| 14. | (a) Dè tha lùdhaich a' ciallachadh leis an Ecsodus? | 4 |
| | (b) Mìnich carson a tha an t-Ecsodus cudromach do dh'lùdhaich san latha an-diugh. | 6 |
| 15. | <i>'Feumaidh tu an co-cheangal a ghleidheadh airson a bhith nad lùdhach ceart.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[Theirg a-nis gu EARRAINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 9]

Pàirt F — Siogachd

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air **Siogachd**.

- | | | | |
|-----|-----|--|---|
| 16. | (a) | Thoir cunntas air na bhios iad a' teagasg ann an Siogachd mu huamai. | 5 |
| | (b) | <i>'Tha creideasan Siogach mu dhaoine ro àicheil.'</i> A bheil thu ag aontachadh? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 4 |
| 17. | (a) | Dè tha Siogaich a' ciallachadh le Guru Granth Sahib? | 4 |
| | (b) | Mìnich carson a tha Guru Granth Sahib cudromach do Shiogaich san latha an-diugh. | 6 |
| 18. | | <i>'Feumaidh tu teagasg nan Guruthan a leantainn airson a bhith nad Shiogach ceart.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[Theirg a-nis gu EARRAINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 9]

EARRAINN 2 — MORALTACHD IS CREIDEASAN — 27 comharra

Feuch AON Phàirt

Pàirt A — Moraltachd is Ceartas

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air **Moraltachd is Ceartas**.

- | | | |
|-----|---|---|
| 19. | Dè na cùisean moralta a bhios ag èirigh a thaobh peanasachadh? | 4 |
| 20. | (a) Thoir cunntas air cuid de na dòighean sa bheilear a' peanasachadh eucorach san RA. | 5 |
| | (b) Roghnaich sealladh neo-chreideimh air an do rinn thu sgrùdadh. San t-sealladh sin, dè thathar ag ràdh mu adhbharan airson peanasachadh? | 6 |
| | (c) <i>'Tha creideamh ro bhog air daoine a bhios a' dèanamh eucoir.'</i> A bheil thu ag aontachadh? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 4 |
| 21. | <i>'Chan eil eucoir sam bith airidh air peanas-bàis.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[Theirg a-nis gu EARRAINN 3 a' tòiseachadh air duilleag 14]

Pàirt B — Moraltachd agus Dàimhean

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air **Moraltachd agus Dàimhean**.

- | | | |
|-----|--|----------------------------|
| 22. | Dè na cùisean a bhios ag èirigh a thaobh àite is inbhe nan diofar ghnèithean? | 4 |
| 23. | <p>(a) Thoir cunntas air cuid de na h-adhbharan a bhios aig daoine airson a dhol an sàs ann an dàimhean feiseil.</p> <p>(b) Roghnaich sealladh neo-chreideimh air an do rinn thu sgrùdadh. San t-sealladh sin, dè thathar ag ràdh mu dhàimhean feiseil?</p> <p>(c) <i>‘Tha creideamh ro theann a thaobh dhàimhean feiseil.’</i> A bheil thu ag aontachadh? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt.</p> | <p>5</p> <p>6</p> <p>4</p> |
| 24. | <i>‘Bu chòir gum faod daoine neach sam bith a thogras iad a phòsadh.’</i> Dè cho mòr ’s a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[Theirg a-nis gu EARRAINN 3 a’ tòiseachadh air duilleag 14]

Pàirt C — Moraltachd, An Àrainneachd agus Cùisean Cruinneil

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air **Moraltachd, An Àrainneachd agus Cùisean Cruinneil**.

- | | | |
|-----|---|---------------------|
| 25. | Dè na cùisean is ceistean moralta a bhios ag èirigh a thaobh bochdainn? | 4 |
| 26. | (a) Thoir cunntas air cuid de na dòighean san gabh stòrasan nàdarra a chleachdadh.
(b) Roghnaich sealladh neo-chreideimh air an do rinn thu sgrùdadh. San t-sealladh sin, dè thathar ag ràdh mu manaidshearachd stòrasan nàdarra.
(c) <i>'Bu chòir do chreideamhan barrachd a ràdh mun àrainneachd.'</i> A bheil thu ag aontachadh? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 5

6

4 |
| 27. | <i>'Tha e an urra ris a h-uile duine dèiligeadh ri suidheachaidhean-èiginn na h-àrainneachd.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairtean. | 8 |

[Theirg a-nis gu EARRAINN 3 a' tòiseachadh air duilleag 14]

Pàirt D — Moraltachd, Leigheas agus a' Bhodhaig

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air **Moraltachd, Leigheas agus a' Bhodhaig**.

- | | | |
|-----|---|---|
| 28. | Dè na cùisean moralta a bhios ag èirigh a thaobh <i>'naomhachd na beatha'</i> ? | 4 |
| 29. | (a) Thoir cunntas air mar a dh'fhaodadh daoine tùs-ghineanan a chleachdadh. | 5 |
| | (b) Roghnaich sealladh neo-chreideimh air an do rinn thu sgrùdadh. San t-sealladh sin, dè thathar ag ràdh mu bhith a' cleachdadh thùs-ghineanan? | 6 |
| | (c) <i>'Tha creideamh ro theann a thaobh a bhith a' cleachdadh thùs-ghineanan.'</i> A bheil thu ag aontachadh? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 4 |
| 30. | <i>'Chan eil e uair sam bith ceart a bhith a' cuideachadh cuideigin gus crìoch a chur air am beatha.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[Theirg a-nis gu EARRAINN 3 a' tòiseachadh air duilleag 14]

Pàirt E — Moraltachd agus Còmhstri

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air **Moraltachd agus Còmhstri**.

- | | | |
|-----|--|---|
| 31. | Dè na cùisean a bhios ag èirigh a thaobh nuadh-armachd? | 4 |
| 32. | (a) Thoir cunntas air cuid de na buaidhean a th' aig cogaidhean. | 5 |
| | (b) Roghnaich sealladh neo-chreideimh air an do rinn thu sgrùdadh. San t-sealladh sin, dè thathar ag ràdh mu adhbharan-ceartachd airson cogadh? | 6 |
| | (c) <i>'Tha creideamh ga dhèanamh ro dhoirbh adhbharan-ceartachd a thoirt seachad airson cogadh.'</i> A bheil thu ag aontachadh? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 4 |
| 33. | <i>'Bu chòir dhuinn cogadh a sheachnadh daonnan às bith dè dh'fheumas sinn a dhèanamh gus a sheachnadh.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[Theirg a-nis gu EARRAINN 3 a' tòiseachadh air duilleag 14]

EARRAINN 3 — CEISTEAN CREIDEIMH IS FEALLSANACHDAIL — 26 comharra

Feuch AON Phàirt

Pàirt A — Tùsan

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air **Tùsan**.

- | | | |
|-----|--|---|
| 34. | (a) Roghnaich sealladh creideimh air an do rinn thu sgrùdadh. San t-sealladh sin, dè thathar ag ràdh mu thùs na cruinne-cè? | 4 |
| | (b) Dè na h-adhbharan a dh'fhaodadh a bhith aig cuideigin airson a bhith a' creidsinn nach deach an cruinne-cè a chruthachadh? | 6 |
| 35. | Mìnich carson a dh'fhaodadh eas-aonta a bhith ann eadar daoine a thaobh mar a bu chòir dhuinn eadar-mhìneachadh a dhèanamh air sgeulachdan cruthachaidh. | 4 |
| 36. | (a) Dè thathar ag ràdh an lùib saidheans mu thùs na beatha? | 4 |
| | (b) <i>'Chan eil feum sam bith air mìneachaidhean creideimh mu thùs na beatha anns an 21mh linn'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

Pàirt B — Bith Dhè

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air **Bith Dhè**.

- | | | |
|-----|---|---|
| 37. | (a) Mìnich an argamaid chosmeòlasach aig Aquinas. | 4 |
| | (b) Carson a dh'fhaodadh cuideigin cur an aghaidh argamaid Aquinas? | 6 |
| 38. | Mìnich carson a dh'fhaodadh eas-aonta a bhith ann eadar daoine mu nàdar Dhè. | 4 |
| 39. | (a) Carson a bha Paley a' smaoineachadh gun deach an cruinne-cè agus beatha a dhealbh? | 4 |
| | (b) <i>'Chan eil dad san argamaid thele-eòlasach a tha a' dearbhadh gu bheil Dia ann.'</i>
Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[Tionndaidh an duilleag

Pàirt C — An Duilgheadas le Fulangas agus Olc

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air an Duilgheadas le Fulangas agus Olc.

- | | | |
|-----|---|---|
| 40. | (a) Roghnaich sealladh creideimh air an do rinn thu sgrùdadh. San t-sealladh sin, dè thathar ag ràdh mu olc agus mar a tha e ann? | 4 |
| | (b) Ciamar a dh'fhaodadh neach aig nach eil creideamh olc a mhìneachadh? | 6 |
| 41. | Mìnich carson a dh'fhaodadh eas-aonta a bhith ann eadar daoine mun phàirt a th' aig Dia ann am fulangas. | 4 |
| 42. | (a) Carson a dh'fhaodadh fulangas ceist a chur ann an creideamh ann an Dia? | 4 |
| | (b) <i>'Tha fulangas ga dhèanamh do-dhèanta creidsinn ann an Dia math.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

Pàirt D — Mìorbhailean

Feuch na ceistean uile sa phàirt seo ma tha thu air sgrùdadh a dhèanamh air **Mìorbhailean**.

- | | | |
|-----|--|---|
| 43. | (a) Roghnaich sealladh creideimh air an do rinn thu sgrùdadh. San t-sealladh sin, dè thathar ag ràdh mu eadar-theachd Dhè? | 4 |
| | (b) Dè na h-adhbharan a dh'fhaodadh a bhith aig cuideigin gus diùltadh a bhith a' creidsinn ann an Dia a bhios ri eadar-theachd? | 6 |
| 44. | Mìnich carson a dh'fhaodadh eas-aonta a bhith ann eadar daoine mu mar a nithear eadar-mhìneachadh air mìorbhailean sgrìobtair. | 4 |
| 45. | (a) Dè thathar ag ràdh an lùib saidheans mu mhìorbhailean? | 4 |
| | (b) <i>'Chan eil feum sam bith air mìneachaidhean creideimh air mìorbhailean anns an 21mh linn.'</i> Dè cho mòr 's a tha thu ag aontachadh ri sin? Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairt. | 8 |

[CRÌOCH A' PHÀIRTEIR EISIMPLEIR]